

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Faodar a sgoileadh sa bhad

31/03/2014

A' Cur Meal-a-naidheachd air Muinntir Shiaboist agus iad a' Foillseachadh an Dàrna Plana Gàidhlig aca

Tha muinntir Shiaboist, air Taobh Siar Leòdhais, air an dàrna Plana Gàidhlig aca fhoillseachadh, gus tuilleadh taice a chumail ri oidhirpean gus Gàidhlig adhartachadh agus a bhrosnachadh san sgìre.

Chaidh a' chiad Phlana Gàidhlig Shiaboist a dhealbh le riochdairean bhon choimhearsnachd a thàinig còmhla gus 'Fòram Gàidhlig Shiaboist' a stèidheachadh, agus iad a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig, Iomairt Ghàidhlig Iar-thuath Leòdhais aig Comunn na Gàidhlig, agus Stòrlann. Chaidh am Fòram a chur air chois mar thoradh air rannsachadh farsaing a chaidh a dhèanamh, *Cor na Gàidhlig ann an Siabost*, a thug dhuinn dealbh den t-suidheachadh san sgìre a thaobh na Gàidhlig.

Bho chaidh a stèidheachadh, tha am Fòram, fo stiùir na h-Iomairt, air obair mhòr a dhèanamh gus na prìomh raointean a chomharrachadh air am bu chòir coimhead gus a' Ghàidhlig a chur air adhart agus a neartachadh. Shoirbhich leis a' choimhearsnachd gu mòr ri linn a' chiad Phlana Ghàidhlig aca, gu h-àraidh am measg na h-òigridh agus sin air sàillibh na h-obrach a rinn Iomairt Ghàidhlig Iar-thuath Leòdhais agus iad a' stèidheachadh agus a' ruith bhuidhnean òigridh leithid Sradagan, Brag, Bragail agus Tàirneanaich, a thuilleadh air grunn thachartasan a tha a' toirt nan diofar ghinealaichean còmhla agus cothroman ionnsachaidh, agus iad sin uile a' neartachadh nan ceanglaichean sa choimhearsnachd.

Tha an dàrna Plana a' togail air na chaidh a dhèanamh ann a bhith toirt a' chiad Phlana gu buil. Mar chomharra air dè cho soirbheachail agus a tha an iomairt seo air a bhith tha iad air dà dhuais a ghleidheadh: bhuannaich Muinntir Shiaboist *An Duais Choimhearsnachd*, *Dualchais is Turasachd* aig na Duaisean Gàidhlig a ruith Bòrd na Gàidhlig is Media Scotland; agus ghlèidh film às an sgìre duais o chionn ghoirid aig na Duaisean FilmG. Tha am film a' sealltainn obair dràma, a chuir Iomairt Ghàidhlig Iar-

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



thuath Leòdhais air dòigh ann an com-pàirt ri daoine òga bhon bhuidhinn 'Tàirneanaich' às an sgìre.

Thuirte Dr Alasdair Allan, am Ministear airson Cànanan na h-Alba, a bha an làthair gus a' chiad phlana fhoillseachadh: "Tha sinn a' cur fàilte mhòr air an naidheachd seo agus bu toil leam meal-a-naidheachd a chur air muinntir Shiaboist agus iad a' foillseachadh an dàrna Plana Gàidhlig aca. Tha mi a' guidhe gach soirbheas do mhuinntir na sgìre sna bliadhnaichean a tha romhainn agus tha mi an dòchas gun tog am plana seo air saothair a' chiad phlana, agus gun cuidich e le bhith neartachadh cleachdadh na Gàidhlig san sgìre, agus gum bi coimhearsnachdan eile air am brosnachadh gu bhith togail air an eisimpleir a tha Siabost air a thoirt dhuinn."

Thuirte Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul: "Tha Planaichean Gàidhlig a thig bho choimhearsnachdan air leth cudromach dha na h-oidhirpean a tha gan dèanamh gus Gàidhlig adhartachadh, agus tha an dealas a tha daoine air nochdadh dhan chànain agus mar a tha iad air soirbheachadh gam mhisneachadh gu mòr. Tha na coimhearsnachdan far a bheil daoine a' bruidhinn Gàidhlig deatamach do chor a' chànain, agus chan eil sìon cho prìseil ri luchd-bruidhne nuair a thig gu dè cho làidir agus a bhios an cànan. Tha sinn a' moladh do choimhearsnachdan eile gum beachdaich iad air an aon seòrsa iomairt, a stèidhich muinntir Shiaboist, a thoirt air adhart, agus tha sinn an dòchas gum faic sinn tuilleadh adhartais a thaobh a' chànain sna coimhearsnachdan anns an robh a' Ghàidhlig bho thùs."

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07557 481 081.

FIOSRACHADH DO LUCHD-DEASACHAIDH

*Chaidh an aithisg, **Cor na Gàidhlig ann an Siabost**, a bharantachadh le Bòrd na Gàidhlig ann an 2011 agus b' e sgioba bho Shabhal Mòr Ostaig, le Gillian Rothach air a cheann, a rinn an rannsachadh. Chithear lethbhreac den aithisg seo air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig aig www.gaidhlig.org.uk.*

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate use,

31/03/2014

Shawbost Community Congratulated on Launch of Second Gaelic Language Plan

Shawbost, on the [West Side](#) of Lewis, has published its second Gaelic Language Plan, to help further aid the development and promotion of Gaelic in the area.

The first Shawbost Gaelic Plan was drawn up by community representatives who came together to form the 'Shawbost Gaelic Forum', along with support from Bòrd na Gàidhlig, Comunn na Gàidhlig's Iomairt Ghàidhlig Iar Thuath Leòdhais, and Stòrlann . The creation of the Forum followed findings of an extensive research project, *The State of Gaelic in Shawbost*, which provided a snap shot of the situation of the Gaelic language in the area.

Since its formation, the Forum, under the direction of the Iomairt has worked hard to identify the main priority areas where Gaelic will be promoted and strengthened. The community has seen much success through their first Gaelic Plan, in particular amongst their young people through the work of Iomairt Ghàidhlig Iar Thuath Leòdhais in creating and running youth groups such as Sradagan, Brag, Bragail and Tàirneanaich, along with a range of intergenerational activities and learning opportunities, strengthening relations within the community.

The second Plan builds on the success of activities through the delivery of the first Plan. The success of this initiative has been marked by the winning of two awards: The Shawbost Community won the *Community, Heritage & Tourism Award* in the Media Scotland and Bòrd na Gàidhlig Awards, and more recently, a film submitted showing the drama work undertaken by Iomairt Iar Thuath Leòdhais [in conjunction with young people in the Tàirneanaich group](#) was successful in the recent Film G Awards.

Minister for Scotland's languages Dr Alasdair Allan, who launched the initial plan said: "This is really welcome news and I would like to congratulate the Shawbost community for producing their second Gaelic Language Plan. I would also like to offer my best wishes to Shawbost for the future and hope that this plan will build on the work of the first, further help to strengthen Gaelic use in the area and encourage

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



other communities to follow their good example.”

Bòrd na Gàidhlig Cathraiche (Chair), Iain Campbell said: “The creation of community Gaelic Plans is an important step in the development of Gaelic and I am very much encouraged by the enthusiasm and success seen towards the language. Communities where Gaelic is used are vital to the future of Gaelic in Scotland and speakers of Gaelic are the most valuable resource available to the language’s vitality. We would recommend the Shawbost initiative to other communities and hope to see further growth of the language in our traditional Gaelic communities.”

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning mobile: 07557 481 081.

NOTES TO EDITORS

*The report, **The State of Gaelic in Shawbost** was commissioned by Bòrd na Gàidhlig in 2011 and was carried out by a team based at Sabhal Mòr Ostaig, led by Gillian Munro. A copy of this report can be viewed on Bòrd na Gàidhlig’s website at www.gaidhlig.org.uk.*